

# FestivalUK\*2022

9 Sultain 2020

Fios Naidheachd

\*Working title

[Làrach-lìn](#) / [Lùghdaich a-nuas](#)

- PRÒISEACT RANNSACHAIDH IS LEASACHAIDH LUACH £3 MILLEAN AIRSON FESTIVAL UK \* 2022 A-NIS FOSGAILTE DO THAGRAIDHEAN
- ALBA, A' CHUIMRIGH, ÈIRINN A TUATH AGUS SASAINN A' CO-OBRAHADH GUS FÈIS CRUTHACHALACHD IS TIONNSGALACHD A LÌBHRIGEADH
- FIOS DO NA ROINNEAN STEAM: LORG COM-PÀIRTICHEAN AGUS DÈAN TAGRADH GUS PÀIRT A GHABHAIL

Tha Festival UK\* 2022 an-diugh air ainmeachadh gu bheil tagraidhean fosgailte airson cothrom rannsachaidh is leasachaidh maoinichte luach £3 millean a tha sònraichte is ùr-ghnàthach. Thathar a' sireadh nan inntinnean agus nan tàlantan as motha ann an saoghal Saidheans, Teicneòlas, Innleadaireachd, Ealain is Matamataig, agus bho air feadh Shasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh, gus Sgiobaidhean Cruthachail a chruthachadh a bhios comasach air pròiseactan com-pàirteachaidh phoblach a chruthachadh gus cruthachalachd agus ùr-gnathachadh na RA a thaisbeanadh aig ìre na cruinne.

**Thuir Rùnaire a' Chultair Oliver Dowden:** *'An-diugh tha farpais inntinneach agus dùbhlach a' tòiseachadh gus na h-ùr-ghnàthadairean as fheàrr san RA a lorg agus sinn a' tòiseachadh a' cunntadh sìos gu Festival UK 2022. Tha sinn a' sireadh nan inntinnean cruthachail as fheàrr gus sealltainn don t-saoghal na tha comasach nuair a thig Sasainn, Alba, a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath còmhla gus taic a thoirt do gach rud a tha fìor mhath mun Rìoghachd Aonaichte againn. Gheibh na tagraichean a bhuannaicheas £3 millean gus nithean iongantach, air leth a dhèanamh stèidhichte air na beachdan aca. Bidh an tasgadh seo a' toirt taic do dh'obraichean agus a' cruthachadh obair ùr thar nan roinnean sin anns na ceithir ceàrnaidhean den RA agus sinn a' cuideachadh ar gnìomhachasan cultarail agus cruthachail gus ath-shlànachadh bho ghalair lèir-sgaoilte a' corònbhioras.'*

**Thuir Fiona Hyslop, Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh, Obair Chothromach agus Cultair:** *'Is e cothrom ùr is inntinneach a tha seo airson inntinnean tionnsgalach bho roinnean ealain is teicneòlais cliùiteach na h-Alba. Tha na h-amannan dùbhlach agus mì-chinnteach seo air buaidh mhòr a thoirt air roinn a' chultair agus nan gnìomhachasan cruthachail, agus mar sin tha mi a' cur fàilte air an naidheachd seo gus togail a thoirt gus cothroman obrach a thoirt do luchd-ealain, cleachdaichean agus buidhnean thar roinn a' chultair agus nas fhaide air falbh. Tha an fhèis na dhòigh mhath air cumhachd cultair is cruthachalachd a shealltainn gus beatha atharrachadh, gus slàinte is sunnd adhartachadh, gus cur ris an eaconamaidh a tha a' fàs, agus gus na coimhearsnachdan eadar-mheasgte*

*againn a thoirt còmhla. Tha mi a' dèanamh fiughair ris na pròiseactan fhaicinn a thèid a chruthachadh an dà chuid ann an Alba agus ann an nàiseanan eile na RA mar phàirt den fhèis."*

Thuir Leas-mhinistear a' Chultair, Spòrs agus Turasachd aig Riaghaltas na Cuimrigh, Am Morair Elis-Thomas: *"Tha mi air leth toilichte le cothrom eile gus ìomhaigh eadar-nàiseanta na Cuimrigh a thogail mar dhùthaich bheag, chruthachail, le daoine tàlantach is càirdeil, aig ìre na cruinne. Tha an Corònbhìoras air dùbhlain mhòra nach fhacas riamh roimhe a chur air beatha na Cuimrigh, dìreach mar a tha air tachairt le ar caraidean air feadh na RA, agus tha sinn a' moladh na seasmhachd agus na cruthachalachd a tha sinn air faicinn gu ruige seo. Tha an fhèis a' toirt dhuinn fìor dheagh chothrom do na h-inntinneach cruthachail againn a bhith soirbheachail às dèidh mòr-sgaoileadh a' Chòrònbhìorais agus a bhith a' sealltainn ar cuid tàlaint dhan t-saoghal aon uair eile."*

Tha an tasgadh seo a' tighinn aig àm nuair a tha feum sònraichte air agus tha e a' comharrachadh toiseach pròiseas leasachaidh airson pròiseactan brosnachail mòr-chòrdte. Agus sinn a' coimhead a dh'ionnsaigh àm nach eil ro fhada air falbh far an toisich ath-bheothachadh, tha sinn a' coimhead air adhart ri àm nuair a bhios daoine a' faireachdainn comasach a bhith a' comharrachadh agus a bhith moiteil ann an coimhearsnachdan agus anns na h-àiteachan anns a bheil iad a' fuireach.

### **Thuir Martin Green, Prìomh Oifigear Cruthachail airson Festival UK\* 2022:**

*"Tha mi air leth toilichte a bhith a' stiùireadh a' phròiseict seo. Bidh Festival UK \* 2022 mar shreath de dheich pròiseactan mòra smaoineachail, inntinneach, iongantach. Bheir iad daoine còmhla ann an dòighean air leth agus taisbeanadh iad ar n-ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd air feadh na cruinne. Gus obair a chruthachadh a tha ùr-ghnàthach agus làidir tha sinn a' tasgadh ann an cruthachadh beachdan tron ìre Rannsachaidh is Leasachaidh seo. Is e cothrom air leth a th' ann a bhith ag obair le co-obraichean bho dhiofar raointean cruthachail. Cothrom co-obraichean ùra a lorg agus tàlantan nach eil air an riochdachadh gu leòr a chomharrachadh. Tha sinn ag amas air comharrachadh nàiseanta den chruthachalachd againn. Bidh e na thaisbeanadh gun samhail den àite iongantach, ro-chudromach as urrainn a bhith aig cruthachalachd ann a bhith a' toirt piseach air ar beatha."*

Aig deireadh a' phròiseas tagraidh thèid suas ri 30 sgioba, gach fear a' faighinn suas ri £100,000, a thaghadh airson pàirt a ghabhail sa phrògram Rannsachaidh is Leasachaidh gus beachdan làidir, àrd-amasach agus iongantach a chruthachadh airson pròiseactan aig a bheil comas milleanan de dhaoine a ruighinn. Chan eil beachdan riatanach airson a' phròiseis tagraidh ach feumaidh Sgiobaidhean Cruthachail a bhith comasach air sealltainn gu bheil na sgilean agus na co-obraichean aca a dh'fheumar gus seata de shlatan-tomhais air am bi iad air am measadh a choileanadh.

Chaidh £120milleanan de thasgadh ùr a thoirt dhan fhèis le Riaghaltas na RA (a' gabhail a-steach £22.8m do riaghaltasan na h-Alba, na Cuimrigh agus Èirinn a Tuath), agus thèid suas ri 10 pròiseactan mòra a choimiseanadh anns a' phrògram phoblach dheireannach airson 2022. Cruthaichidh an fhèis cothroman airson obraichean taobh a-staigh roinnean air an tug COVID-19 buaidh mhòr.

Bidh ceithir de na deich coimiseanan air an stiùireadh le Sasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh, a bhios a' fastadh suas ri dà Sgioba Chruthachail air an tarraing bho na dùthchannan aca gus pàirt a ghabhail sa phròiseas R&D.

Bidh sia coimiseanan air an toirt air adhart bho air feadh na RA agus nas fhaide air falbh.

Bidh ruigse chruinneil aig na deich coimiseanan uile. Seallaidh Sgiobaidhean Cruthachail an t-àite ro-chudromach agus brosnachail as urrainn a bhith aig cruthachalachd san t-saoghal chaochlaideach againn; mar a dh'fhaodas eòlasan fìor mhath beatha a dhèanamh nas fheàrr.

Bidh Festival UK \* 2022 a' taisbeanadh toraidhean na h-obrach Rannsachaidh is Leasachaidh, taisbeanadh nàiseanta de chomas ùr-ghnàthach, mar ghoireas poblach a chaidh a dhealbhadh gus an ath ghinealach de luchd-cruthachaidh san RA a bhrosnachadh.

Thèid na deich coimiseanan a chur air bhog fo ainm fèise ùr aig deireadh 2021 agus thèid an cumail tro 2022 air fad.

### **Clàr-ama Rannsachaidh is Leasachaidh**

9 Sultain	Clàradh is Tagraidhean Fosgailte
16 Dàmhair 3f	Ceann-latha airson tagraidhean
16 Samhain – 31 Faoilleach	Prògram Rannsachaidh is Leasachaidh
1 – 26 Gearran Dèanamh Geàrr-liosta	Taisbeanaidhean Rannsachaidh is Leasachaidh is a'

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Chothrom Rannsachaidh is Leasachaidh, mun Phròiseas Tagraidh agus mun Stiùireadh aig [www.Festival2022.uk](http://www.Festival2022.uk)

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu: [media@Festival2022.uk](mailto:media@Festival2022.uk) no faic [www.festival2022.uk](http://www.festival2022.uk)

### **An deireadh**

---

### **Nòtaichean dhan luchd-deasachaidh**

Tha Festival UK\* 2022 na fhèis air feadh na RA de chruthachalachd is tionnsgalachd, le prògram de thasgadh ùr bho Riaghaltas na RA.

Thèid an fhèis a chumail air feadh na h-Alba, na Cuimrigh, Èireann a Tuath agus Sasainn tro 2022. Libhrigidh e prògram de choimiseanan mòra ùra a tha ùr-ghnàthach leis an amas na milleanan a ruighinn; a' coileanadh an dà amas aig na pròiseactan de bhith a' toirt daoine còmhla agus gus cruthachalachd na RA a shealltainn dhan t-saoghal.

Chaidh buidheann shònraichte ("Festival 2022 Ltd") a stèidheachadh ann am Birmingham, fo stiùir Bòrd neo-eisimeileach air a thaghadh bho roinnean STEAM agus bho air feadh na RA, le Vikki Heywood sa chathair. Tha Martin Green CBE na Àrd-oifigear Cruthachail airson na fèise, a' stiùireadh sgioba gus am pròiseact a ghlèidheadh, a riaghladh agus adhartachadh; ag obair le buidhnean libhrigidh ro-innleachdail taobh a-staigh gach dùthaich gus am prògram a dhealbhadh agus a libhrigeadh.

Tha Riaghaltas na RA a' tasgadh £120 millean de mhaoineachadh ùr anns an fhèis, a' gabhail a-steach £22.8 millean do na riaghaltasan fèin-riaghlach: Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas Èireann a Tuath agus Riaghaltas na Cuimrigh.

### **BBC 100 is Festival UK\* 2022**

Tha am BBC air aontachadh a bhith na phrìomh chom-pàirtiche craolaidh airson Festival UK \* 2022 a bhios aig an aon àm ri 100 bliadhna bho chaidh am BBC a stèidheachadh. Tha an t-aon amas aig gach comharrachadh: a bhith adhartach agus dòchasach agus sinn a' tighinn a-mach à galar lèir-sgaoilte COVID agus a bhith a' taisbeanadh cò ris a bhios ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd Bhreatainn coltach anns na 100 bliadhna a tha romhainn.

Bidh am BBC a' cur ris an tachartas seo tro chruthachalachd, craoladh naidheachdan, a' coimiseanadh phrògraman mun fhèis agus a' cleachdadh stèidhean a' BhBC gus na h-iomairtean a thoirt beò don luchd-èisteachd/amhairc againn air feadh na cruinne. Bidh am BBC cuideachd a' co-roinn a chuid eòlais air Dealbhadh is Innleadaireachd, a' toirt taic do dh'iomairtean tron ìre leasachaidh chun na h-ìre coimiseanaidh aca.

Tha an t-àite aig a' BhBC san RA gun samhail, a' ruighinn còrr air 90% de dh'inbhidh gach seachdain agus faisg air leth bhillean daoine air feadh na cruinne. Cleachdaidh sinn an ruigse seo agus susbaint Festival UK \* 2022 gus neartan, luachan is dearbh-aithnean na RA a chomharrachadh agus gus moit a bhrosnachadh air feadh nan coimhearsnachdan againn.